

## Co-chomhairleachadh Poblach Bòrd na Gàidhlig 17/4 - 17/5 2017

### Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig 2017-2022

Beachdan bho Pàdruig Moireasdan, 20, Griomasaigh/Dùn Èideann. 17/05/17.

-

Bu mhath leam na smuaintean a leanas a chuir thugaibh mar fhear òg à Uibhist, a chaidh a thogail ann an dachaigh dà chànanach, a chaidh tron a' chròileagan agus a' bhun sgoil anns a' Ghàidhlig, ach an àrd sgoil 's an oilthigh anns a' Bheurla, agus a tha a nis ag obair tro mheadhain na Gàidhlig ann an Uibhist agus ann an Dùn Èideann, agus a' cleachdadh Gàidhlig le mo cho-oghaichean agus mo charaidean, a feuchainn ri deanamh cinnteach gu bheil an oigridh a' cleachdadh Gàidhlig gu nàdarra agus ann an diofar pàirtean de am beatha.

Tha e na thoilicheas dhomh a bhith faicinn gu bheil sibh a' cumail oirbh le ur n-iomairtean a thaobh Faoghlam Bun-Sgoil tro mheadhan na Gàidhlig. Tha seo air a bhith soirbheachail agus as a h-aonais, cha bhiodh stait na Gàidhlig faisg air cho falain 's a tha e an diugh. Tha an taic a tha sibh a' gealtainn do phàrantan, luchd-teagaisg, inbhich, agus an àrdachadh ann an sgoiltean Gàidhlig uile iomachaidh.

Gidheadh, ann an sgìrean far nach eil sgoiltean Gàidhlig (a leithid Uibhist - aon den na h-àiteanan far a bheil an aireamh is àirde de luchd-labhairt na Gàidhlig anns an t-sluaigh), tha an duilgheadas bu mhodha aig ìre an àrd-sgoil. Tha a' mhòr-chuid de sgoilearan ann an Uibhist a' tighinn a mach a FtG bun-sgoil, ach 's e glè bheag de sgoilearan a tha a tighinn a mach as an àrd sgoil le Gàidhlig. 'S e aon adhbhar airson seo gu bheil ionnsachadh na Gàidhlig anns an àrd-sgoil a mhàin mar chànan litreachais, gun ceangal gu cleachdaidh sam bith ann an cuspairean, agus mar sin feumaidh na sgoiltean taic ann a bhith a' toirt seachad cuispearan a leithid eachdraidh, cruinn-eòlas, spòrs, ceòl, ealain, agus iomadach cuspair eile, tron a Ghàidhlig airson 's nach bith a' Ghàidhlig ga ionnsachadh ann an oisean bheag leatha fhein, gun fheumalach ann an gnè neo cuspair eile sam bith. Tha tidsearan an àrd-sgoil uaireanan ag obair air rudeigin mus tèid iad a staigh gu bhith teagasg, mar sin tha e deatamach nach eil sinn a' smaoinichadh gu tig tidsearan a-mhàin bhon sgoil, mu dh'fhaoide gun tig iad as an saoghal-obrach, agus mar sin tha taic airson suidhichidhean-cleachdaidh a' Ghàidhlig cudromach airson tidsearan an àrd-sgoil. Bu mhath leam barrachd faicinn anns a' phlana a thaobh an àrd-sgoil, tha FtG anns a' bhun sgoil soirbheachail cùm ris, ach feuch air an ath cheum. Tha an t-àm ann deanamh cinnteach nach eil na bliadhnaichean de dh'obair a chaidh a dheanamh gus Gàidhlig 'sa bhun sgoil fhaighinn gu far a bheil e an diugh, gun fheum sam bith, leis a' chànan ga chall 'san àrd-sgoil, mar a tha e an drasda anns na h-eileanan.

Aig a' choinneamh ann an Dùn Èideann far an do bhruidhinn mi ruibh, bha sibh tuigseach mun chnap-starra mu mhodha a tha a' cuir stad air adhartachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig anns na h-eileanan, 'mindset' nach eil feumalach neo luach ga chuir air a' Ghàidhlig anns an saoghal an th'ann. Tha tòrr dhen na sgoilearan a bha còmhla riumsa anns an sgoil air a' Ghàidhlig a dh'iochuimhneachadh, gun adhbhar fhaca bhith ga cleachdadh neo ga cuimhneachadh. Feumaidh Bòrd na Gàidhlig putadh air buidheanan-poblach, buidheanan-riaghlaidh, agus gnìomhachasan gus Gàidhlig a' chleachdadh anns an àit'-obrach, agus mu dh'fhaoide ma phrìobh-chànan an cuid coinneamhan neo fiosrachadh-sgrìobhte, m.e. Comhairle nan Eilean Siar. Tha sibh ag radh gu bheil sibh airson a bhith "a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig anns an àite-obrach" (d. 30) - chan eil sin math gu leor. Feumaidh a t-sluaigh luach-eaconomach faicinn air a' Ghàidhlig. Dh'iarrainn'sa gun cuireadh sibh ri na th'agaibh, a' gealtainn gu bheil sibh airson "deanamh cinnteach gu bheil gnìomhachasan mòra, gu h-àraidh anns a' Ghaidhealtachd agus na h-Eileanan, gu bhith a' toirt obair do neach neo dha far a bheil a' Ghàidhlig na sgiol dheatamach dhan obair."

Air a dhlùth-cheangail ri seo, tha na tha sibh ag radh mu dhaoine òga: "a' leudachadh na bhios ann de chur-seachadan, spòrs agus meadhanan ùra is didseatach... tron Ghàidhlig". Gun criomag

teagamh sam bith, is e an òigridh an àois bu chudromaiche a thaobh ur n-iomairtean gus a' Ghàidhlig a shàbhaladh, agus chan eil na tha sibh a' gealtainn do'n òigridh faisg air feumail neo eifeachdach gu leòr. Tha a' Ghàidhlig air a bhith mar chànan nan cuir-seachadan, agus air fhaicinn agus le luach ga chuir air, mar chànan nan cur-seachadan airson ceudan de bhliadhnaichean, agus tuigidh a' Bhòrd nach eil sin air cuideachadh sam bith a dheanamh dhan a' chànan agus gu bheil e air adhbhrachadh bàs a' Ghàidhlig. Mura faic daoine òga gu bheil luach-eaconomach ga chuir air a' Ghàidhlig anns an àit'-obrach, cha chùm iad i. Mura faic iad gu bheil Gàidhlig ceart cho cudromach ris a' Bheurla, cha chùm iad i. Aig an dearbh àm 's a tha e doirbh do dh'òigridh sgìrean iomalach na h-Alba obair neo greisean-gniomhachais fhaighinn, carson nach eil òigridh a' Ghaidhteachd, cleachdadh na Gàidhlig, agus luach-eaconomach na Gàidhlig uile air an cuideachadh còmhla le Bòrd na Gàidhlig ag iarraidh air gnìomhachasan agus luchd-obrach, obraichean neo greisean-gniomhachais a thoirt seachad far a bheil a' Ghàidhlig mar phàirt dheatamach. Tha a' bhòrd ann an sàr-shuidheachadh a bhith a' toirt na molaidhean sin don Riaghaltas, a' Choimhairle, agus do ghnìomhachasan mòra agus beaga.

A' bharrachd air sin, a thaobh na tha sibh ag radh mu dheidhinn àiteanan cleachdaidh a' Ghàidhlig, anns na h-ealain, turasachd, cur-seachadan, spòrs, agus meadhanan ùra, carson nach eil feumalach a' Ghàidhlig anns na gnìomhachasan sin, air a' chuir còmhla ri ur n-iomairtean anns na h-àrd-sgoiltean. Nam biodh Gàidhlig ga cleachdadh anns na sgoiltean a thaobh na cuspairean sin (agus dh'iarraibh barrachd, m.e. 'technical', agus 'home-economics'), leanadh an cleachdadh sin dhan àit'-obrach. A' bharrachd air sin, dh'iarraibh gun smaoinichadh sibh air an ceangail eadar sgìlean freagarrach do dh'eaconomaidhean-ionadail, agus na tha a' dol air adhart anns an sgoil. Ma tha Uibhist a' lorg deichnear aig a bheil sgillean didseatach agus a' Ghàidhlig, carson nach eil an dà rud air a ceangal còmhla, gu h-àraid nuair a tha luchd-obrach faoghaime ann an Comhairle na Eilean Siar a cruthachadh cùrsaichean ùra a tha iomachaidh airson eaconomaidh na h-eileanan, agus na sgillean a dh'fheumas. A rithist, chan ann a mhàin tron cur-seachadan a bhios a' Ghàidhlig beo, ach ann an obraichean agus anns an eaconomaidh.

'S e a' phuing mu dheireadh a thogas mi, 's e sin rudeigin a chaidh a thogail anns a' choinneamh ann an Dùn Èideann, 's e sin a' cheist a bheil a' Bhòrd gu bhith a' deanamh sian airson a' Ghàidhlig a chumail beo anns na h-eileanan, a bharrachd air ur gealltanasan air tir-mòr? Gun a' Ghàidhlig mar cànan mòr-chuid ann an coimhearsnachd, tha i marbh. Ged a bhiodh tòrr mòr clann ag ionnsachadh a' Ghàidhlig ann an Glaschu, Dùn Èideann agus Inbhir Nis, gun cothroman cleachdaidh a tha nàdarra ann an gach pàirt dhe'm beatha, a leithid an sgoil, an clas-ciùil, a' chlub bhall-choise, an eaglais, agus a' bhùth, chan eil cànan beo. Mar sin, carson a tha sibh a' feuchainn ri ionadan Gàidhlig a chruthachadh ann an sgoiltean ann am paraistean far a bheil 5% den t-sluagh a' bruidhinn Gàidhlig, nuair a tha Gàidhlig a bàsachadh anns a' aon sgìre far a bheil a' Ghàidhlig aig 66% den t-sluaigh, agus ri chluinntinn fhathast anns a' bhùth, agus an eaglais? Nach biodh 50,000 luchd-labhairt na Gàidhlig, 40,000 dhuibh anns na h-eileanan, gu math nas fhallaine na 500,000 luchd-labhairt sgapte ann an gach cearnaidh dhen dhùthaich? Chan e àireamhan air feadh na dùthchadh idir an rud is cudromaichean, ach an àireamh ann an sgìrean ionadail. Gun a' Ghàidhlig mar chànan a mhòr-chuid anns na h-eileanan, chan ionnsaich daoine a' chànan gu fileanta, beartach 's gu nàdarra, agus cha bhith an dualchas beo. Chan bhith na rudan seo comasach ann am bailtean na h-Alba airson co-dhiu ceud bliadhna neo dhà, ach tha e comasach dhan Bhòrd seo a chuideachadh anns na h-eileanan le bhith dèiligeadh leotha fa-leth.

Tha mi an dòchas gu bheil na beachdan seo feumail agus gun urrainn dhuibh prìomh gealltanasan neo dha a leudachadh gu bhith na bu fhreagarraiche do dh'òigridh agus luach a' Ghàidhlig anns an latha diugh. Cuimhnich, ged a tha sibh ag radh gu bheil a' Ghàidhlig a cuir ris an eaconomaidh, feumaidh sinn feulach eaconomach a chuir air a' Ghàidhlig.

Le gach deagh dhùrachd,  
Pàdruig Moireasdan